

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2022 | 3 | AN T-SULTAIN



## Facal Toisich

Tha e na thlachd dhuinn gu bheil Leabhar Dhèir air tilleadh dhachaigh airson beagan ùine, an leabhar beag seo a tha a' comharrachadh toiseach eachdraidh sgrìobhte sa Ghàidhlig ann an Alba. Ann an sgrìobhadh soilleir, grinn, tha e a' cur an cèill eachdraidh muinntir Dhèir, agus nach e freagairt fhileanta a th' ann dhan fheadhainn a bhios ag ràdh nach tàinig a' Ghaidhlig a-riamh beò ann an taobh an ear na dùthcha? Bha, agus tha agus bidh!

Ach ged is e leabar luachmhor a th' ann a thaobh eachdraidh na Gàidhlig, cuimhnicheamaid an toiseach gur e leabhar Soisgeil a th' ann. Bha beatha nam manach anns na meadhan aoisean stèidhichte air an Fhacal, oir bhiodh iad a' leughadh agus agus a' sgrìobhadh agus a' seinn on Sgrìobtar o mhoch gu dubh a h-uile latha. Dh'fhàg iad dìleab luachmhor againn airson na Gàidhlig, ach nas motha na sin thug iad dhuinn eisimpleir ann a bhith a' cruinneachadh timcheall air Facal Dhè nam beathannan làitheil. Ged a tha ar saoghal an-diugh gu math eadar-dhealaichte on t-saoghal a bha aca, tha an aon fheum againn air beathachadh on Fhacal.

Anns Na Duilleagan an turas seo, gheibh sibh sealladh air an Fhacal nar beatha, agus ar beatha san Fhacal - o làmh-sgrìobhainnean nam meadhan aoisean gu teicneòlas an latha an-diugh, o bhàrdachd aig àm an Ath-leasachaidh gu seinn nan Salm. A bharrachd air a seo, tha meòrachadh ann air leasan an Chruthachadh Dhè cho math ris an Fhacal sgrìobhte.

Tha sinn a' guidhe gach beannachd oirbhse, agus a' guidhe gun lorg sibh anns Na Duilleagan rudan thogas ur cridhe agus ur spiorad.

**Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas  
Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann**

## Dealbh



Dealbh san àrainn phoblach

Seo taobh-duilleige à Leabhar Dhèir, a' sealltainn an t-Soisgeil a rèir Mhata (1:18). Buinidh an leabhar dhan 10mh linn, le nòtaichean air an cur ris san 12ra linn. Aig oir na duilleige, mar a chìthear san dealbh, gheibhear cuideachd an sgrìobhadh as sine ann an Gàidhlig na h-Alba, a' toirt cunntas tràth air mar a leasaicheadh a' Ghàidhlig tro na meadhan-aoisean. Mar phàirt de Phròiseact Leabhar Dhèir, tha an leabhar beag grinn air tilleadh do dh'ear-thuath na h-Alba airson a' chiad uair ann am mìle bliadhna. Faodar fhaicinn ann an Taigh-tasgaidh Obar Dheathain gu toiseach na Dàmhair.

# Gàidhlig Shìmplidh

'S toil leam leughadh. Bidh mi a' leughadh a h-uile latha. Nuair a tha thu ag ionnsachadh cànan, tha leughadh feumail dhut. Bidh thu ag ionnsachadh faclan ùra agus a' fàs na bu mhothachaile air stuctaran gràmair agus gnàthasan-cainnte. Ach chan eil leughadh a-mhàin gu leòr. Feumaidh tu èisteachd ris a' chànan cuideachd. Tha goireasan airson sin anns a' Ghàidhlig - tha Radio nan Gàidheal ann, agus tha iomadh rud inntinneach air an làrach-lìn Tobar an Dualchais. Tha leabhraichean-fuaim feumail cuideachd, oir is urrainn dhut èisteachd ris an leabhar fhad 's a tha thu a' leughadh, agus bidh sin a' toirt stiùiridh thugad le fuaimneachadh. Bidh leabhar-fuaim eile ri fhaighinn sa Ghàidhlig a dh'aithghearr: An Tiomnadh Nuadh. Tha sgioba a' clàradh an Tiomnadh Nuaidh an-dràsta, le luchd-labhairt aig a bheil measgachadh de dhualchainntean. Bidh sin na bhuanachadh dhut airson greim nas treise fhaighinn air beairteas labhairte na Gàidhlig agus a' Bhìobail.

## Beagan cuideachaidh

na bu mhothachaile - *more aware*  
gnàthasan-cainnte - *idioms*  
goireasan - *resources*  
leabhraichean-fuaim - *audiobooks*  
fuamnachadh - *pronunciation*  
dualchainntean - *dialects*  
aig a bheil - *who have*  
beairteas labhairt - *spoken richness*

# Gàidhlig Chlasaigeach

Seo dhuibh an dara pàirt de Ùrnaigh an Tighearna ann am meadaireachd, ann an Gàidhlig chlasaigeach mar a chaidh fhoillseachadh ann an leabhar ùrnaigh Charsueill, 1567. Gheibhear an leabhar, *Foirm na n-Urrnuidheadh*, deasaichte le RL Thomson, on *Scottish Gaelic Texts Society*.

Do thoil gu ma dénta dhúinn a dtlathuinn, gach dúil dár dhealb, [*a dtalmhain* - air an talamh mar do-níd aingil gan chré [*do-níd* - dèan (3mh iolra); *gan chré* - aig nach eil cuirp thuas a bflaithes Dé go dearbh.

Beatha na h-anma 's an chuirp, ó tharra dhuit bheith réir mbáidh, ar n-arán laoithuil gach laoi [*laoi* - latha tabhair dhúinn gan dlaoi gan dáil. [*dlaoi* - cuilbheart

A bharrachd air comhardadh eadar loidhne *b* agus *d* anns gach rann (*dealbh/dearbh; mbáidh/dáil*), tha aicill ann cuideachd, eadar am facal deireannach ann an *c* agus facal ann an *d* (*chré/Dé; laoidh/dlaoi*), agus uaim (*alliteration*) ann an cha mhòr a h-uile loidhne.

# Obair “Faith Comes By Hearing”

Aig an àm sgrìobhaidh, tha dithis on bhuidheann “Faith Comes By Hearing” ag obair ann an Dùn Èideann agus ann an Steòrnabhagh, a' clàradh leabhar-fuaim dhen Tiomnadh Nuaidh (a' cleachadh an eadar-theangachaidh ùr, 2017). Thathas an dùil gun tèid fhoillseachadh am bliadhna-sa no tràth an ath bhliadhna, agus is e ar miann agus ar n-ùrnaigh gum biodh e na ghoireas math agus èifeachdach airson eòlas air Facal Dhè a sgaoileadh. Sgrìobh Shawn Dvorak, o FCBH, an aithris seo air an obair anns a bheil iad an sàs.

## An Tiomnadh Nuadh anns a' Ghàidhlig: Clàradh agus Lèirsinn 2033

Is e miann *Faith Comes By Hearing* gum faigh gach duine eòlas air na Sgrìobtaran na chànan fhèin. Ag obair còmhla ri eadar-theangairean agus comannan Bìoball ann an diofar dhùthchannan, tha iad ag amas air na Sgrìobtaran a chlàradh agus fhoillseachadh saor an asgaidh anns gach cànan anns an t-saoghal far a bheil clàraidhean a dhith ro 2033. Tha a' Ghàidhlig am measg nan cànanan sin.

Às dèidh tionndadh dhen Tiomnadh Nuadh a bhith clàraichte agus deasaichte, sa bhithantas cuiridh sinn air làrach-lìn Bible Brain, agus mar sin tha e ri fhaighinn do buidhnean-leasachaidh airson an cuid làraich-lìn agus aplacaidean fhèin. Anns na h-àiteachan far nach eil teicneòlas fòn-tapaidh no cothrom air an eadar-lìon, bidh sinn a' solarachadh Bìobail-fuaim air innealan a bhios ag obair le cumhachd na grèine ris an canar Proclaimers, agus bidh sinn a' brosnachadh bhuidhnean gu coinneachadh ann an taighean gus Facal Dhè chluinntinn, agus a' deasbaireachd agus a' meòrachadh air na rudan a chuala iad.

Do dh'iomadh sluagh, is e seo a' chiad turas a chuala iad Dia a' labhairt nan cànan fhèin. 'S e aon rud a th' ann a bhith ag ionnsachadh mun Tighearna ann an cànan malairt no *lingua franca* na dùthcha aca. Ach 's e rud eile a th' ann a bhith ag èisteachd ris an Fhacal ann an cànan an cridhe. Troimhe sin, bidh Dia agus Fhacal a' dol a-steach nan cridheachan aig an ìre as doimhne, as pearsanta. Tha *Faith Comes By Hearing* a' clàradh agus ag obair còmhla ri buidhnean eile gus am faigh gach neach an cothrom air eòlas fhaighinn air Dia, iad fhèin a leasachadh gu spioradail, agus cuideachd airson meudachadh Rìoghachd Dhè agus leudachadh obair na h-eaglaise.

Mar phàirt dhen lèirsinn seo, tha sinn a' miannachadh gum biodh cothrom aig gach Gàidheal Dia a chluinntinn a' bruidhinn riutha anns a' Ghàidhlig, ann an cànan an cridhe. Nuair a tha ar n-obair clàraidh agus deasachaidh deiseil, bidh an Tiomnadh Nuadh mar leabhar-fuaim ri fhaotainn air loidhne agus air an aplacaid Bible.is.

# Calman nan Loch

Déirdre Ní Mhathúna, Dùn Èideann.

'S e urram air leth a th' ann dhomh a bhith a' foillseachadh an fhilm "**Calman nan Loch**" mar chomharra air 1500 bliadhna de bhuidh Chaluum Chille anns na dùthchannan Gàidhealach agus nas fhaide air falbh. 'S e sgeulachd iongantach, shònraichte bho sgìre nan Loch ann an Eilean Leòdhais a th' ann an seo, a thàinig thugam 's mi a' sealltainn m' obair ealain ann am baile beag, Ceòs, ann an 2007. Bha e fa-near dhomh an uairsin soraidh slàn agus taing a ràdh ris an àite agus a mhuinntir, a bh' air a bhith cho falaidh dhomh thairis air grunn bhliadhnaichean.

Ach b' ann air an dearbh latha ud a chuala sinn seachas iongantach mu sheòladh nam bàtaichean traidiseanta agus seinn nan salm Gàidhlig annta, 's na daoine a' falbh bhon t-searmon chun nam bailtean beaga suas is sìos dà thaobh Loch Èireasort bhon duine uasal, Donaldasdair Mac a' Ghobhainn. Bha sinn uile air ar beò-ghlacadh leis an ìomhaigh ud agus cha tug e fada mus an do chuir sinn an t-ainm 'psalmboats' ris.

Thairis air na bliadhnaichean dh'fhàs coimhearsnachd bhlàth, fhosgailte a thog seinneadairean nan Salm, seòladairean agus luchd-ealain ri chèile. Thàinig ar muinntir bho eaglaisean eadar-dhealaichte an eilein agus tharraing sinn daoine a-steach aig nach robh creideamh idir. Chruinnich sinn sgeulachdan ùidheil agus èibhinn bho na daoine a bha òg agus na h-eathraichean, "the Austins and Fords of the day" fhathast a' ceangal muinntir an eilein ri chèile. Bho Dhonaldasdair, a dh'fhalbh uainn air slighe na firinne 's sinne a' cur crìoch ris an deasachadh, chaidh spiorad na coimhearsnachd is nan seann dòighean beò nar measg agus b' e urram dhuinn uile gun robh a choibhneas is a ghliocas gar treòrachadh.

Gun teagamh, dh'atharraich "**Pròiseact Bàta nan Salm**" na bha fa-near dhomh, mar neach ealain, bho sin a-mach. Ged nach robh mi an dùil ri obair chruthachail a chumail a' dol cho fada ann an Leòdhas, no càirdeas cho domhainn a choisinn, nuair a thachair mi ri muinntir nan Loch agus sgeul-innse Bàta nan Salm 's e an fhìrinn gun robh mi a' sireadh stoidhle ealain a bhios brìoghmhor dhomhsa, mar Ghàidheil. Agus b' ann an Leòdhas a lorg mi a' chlach-iùil a bha na cheangal eadar m' fhèin-aithne mar Ghàidheil Èireannach agus mo bheatha chruthachail ann an Alba. B' e gibht phrìseil a bh' ann dhomh gun teagamh agus bidh mi daonnan taingeil air a son.

Anns an fhilm thèid sibh air turas còmhla rium gu cridhe creideamh muinntir nan Loch, agus tha Eilean Chaluum Chille agus ìomhaigh a' chalmain aig cridhe an sgeòil. Chithear mar a mhair doimhneachd dìleab nam manach, iadsan a dh'fhalbh an cois an Ath-Leasachaidh, ann an seinn nan Salm Gàidhlig agus ciamar a ghlèidheas na daoine spiorad na h-Eaglaise Ceiltich beò chun an latha an-diugh.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun fhiolm:  
<https://dnimhathuna.wordpress.com/>

# Searmon beag

Donnchadh Sneddon



Dealbh le Charles J. Sharp, [sharpphotography.co.uk](http://sharpphotography.co.uk), Wikimedia Commons

Chaidh mo thogail-sa ann am Pagastan far an robh mo phàrantan ag obair mar mhiseanaraidhean, agus bha iomadh creutair ann nach eil againn an seo anns an Roinn Eòrpa - cuid a tha bòidheach, cuid a tha èibhinn, cuid a tha cunnartach, ach uile iongantach nan dòighean fhèin. Tha leasan an spioradail ann ri ionnsachadh o Chruthachadh Dhè, agus o àm gu àm, bidh mi a' smaoineachadh air nas urrainn dhuinn ionnsachadh o na creutairean seo a chunnaic mi is mi òg.

Tha eun ann, ris an canar anns a' chànan Pashtu an *chutee*, no an *Zosterops palpebrosus* ann an Laideann. 'S e eun beag uaine no buidhe a th' ann, a bhios ag imrich agus ag imprig o àite gu àite gu luath, agus is gann a dh'fhuiricheas iad ann an aon àite nas fhaide na beagan seachdainean. Agus chan a-mhàin o àite gu àite, ach o chraobh gu craobh, o gheug gu geug cha mhòr gun sgùrr fad an latha. Abair creutair beag trang!

Ann am beul-aithris nam Pathtan, thathas ag ràdh gu bheil an Chutee a' cadal air a dhruim le a chasan suas san adhar. Carson? Oir tha e a' smuaineachadh gu bheil e a' cumail nan speur sàbhailte far a bheil iad le a chasan, a' sàbhaladh an t-saoghail. Tha eagal air nan cuireadh e a chasan sìos, gun tuiteadh an iarmailt chun na talmhainn.

Tha e èibhinn gu bheil an creutair beag trang seo cho mòr às fhèin gu bheil e dhen bheachd gu bheil a h-uile rud a' crochadh air-san - nach eil fios aige gum faodadh e a chasan a leigeil sìos, gun chunnart sam bith gun rachadh an saoghal a sgrios?

Ach chan eil an Chuttee na aonar. Gu tric 's gu minig tha sinn fhèin a' fàs cho trang, nar ruith thall 's a bhos agus eagal oirnn gun tig lèir-sgrios air a h-uile càil às ar n-aonais.

Cuimhnicheamaid na thuirt an Tighearna ann an Salm 46: *Bithibh sàmhach, agus tuigibh gur mise Dia*. Tha againn uile ri bhith aig fois, gun a bhith a' feuchainn ris a h-uile rud a dhèanamh tro ar neart fhèin. Cuireamaid ar n-earbsa anns an Tighearna, oir is esan *ar teàrmann agus ar neart, ar cobhair ro-dheas ann an teanntachdan*.

## AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu [sneddon.duncan@gmail.com](mailto:sneddon.duncan@gmail.com).

## Bàrdachd

*Rannan on laoidh "Am Focal" le Iain Moireasdan, Gobha na Hearadh*

'S e 'm Focal Firinn ro dhilis fìor sin,  
Ghabh còmh'n' measg dhaoin' bhios na iognadh sìorraidh  
An t-innleachd naomh sin os cionn gach mìorbhail  
Nuair dh'aon e 'n daonnachd na ghaol ra dhìadhachd.

B' e 'n t-iognadh àrd e nach làn tuig ainglibh  
E theachd gu bàs ann an àite nàimhdean  
'S a dh'fhulang càinidh is tàire cainnte,  
Is buairidh làidir fo spàirn o dhaimhnibh.

A bhratach glòrmhor tha teò-chridh'ch gràs mhor  
A lot' 's a leònadh le dòruinn chràidhtich  
Siud tobair sòlais an t-slòigh e ghràidhaich  
Tre chreidimh beò gu bhì 'g òl an sàth ris.

Seo tobair tròcair tha leòir làn shuibhir  
Gu peacaich 's neò-ghlain ro mhòr taigh Dhaibhidh  
A chur air fògradh; 's e 'n dòchas daingnicht'  
'S tha shruthain sòlais 'ruith beò mar aibhnibh.

## Adhbhar gàire

*Sgeulachd stèidhichte air clàradh Sgoil Eòlas na h-Alba, le cead.*

Uair bha seo bha droch fhoghar ann, le uisge is gèile a' gaiseadh a' bharra. Bha seo a' cur gu mòr air croitearan na sgìre. Rinn èildearan a' choitheanail suas gum bruidhneadh iad ris a' mhinistear feuch

an cuireadh e suas ùrnaigh airson gaoth mhath tiormachaidh mus tigeadh àm na buana. Bha na h-èildearan a' mìneachadh gu mionaideach gu dè seòrsa gaoithe a dh'fheumte a bhith ann: cò an àirde às an sèideadh i, gum feumadh i bhith bras làidir, agus mar sin air aghaidh. Bha iad an sin fad deagh ghreis a' toirt tuairisgeul air a' ghaoth shònraichte a bha iad a' feumachdainn. Nuair a dh'fhalbh iad bha am ministear bochd caran troimhe-chèile, bho nach robh e a leth cho eòlach ris na h-èildearan mu na dìofar ghaothan a bu chòir a bhith ann. Co-dhiù gun d' rinn am ministear ùrnaigh cho math 's a b' urrainn dha, ged a bha e a' blabhadairachd 's a' bruidhinn gun dòigh gu h-ìre mhòir. Bha e mothachail air a' seo agus chrìochnaich e, a' ràdh: "uil a Rìgh 's dòcha gum b' e nàdar de dh'ùrnaigh fhuasgailte a bha seo, ach faodaidh tu a fuasgladh thu fhèin."

John Strachan (fiosraiche), Hamish Henderson (Neach-clàraidh), SA1952.27.B1b (B10b), Tasglann Sgoil Eòlas na h-Alba, Oilthigh Dhùn Èideann. <https://www.tobarandualchais.co.uk/track/10159>

## Ùrnaigh

A Thighearna uile-bheannaichte,  
chan urrainn dhuinn do bheannachdan  
gu lèir a chunntadh,  
tha iad mar reultan nan speur agus  
gainneamhan na tràghad.

Nad chumhachd agus nad mhòrachd,  
tha thusa os cionn ar tuigse agus os cionn ar n-eòlais,  
ach tha thu gad fhoillseachadh fhèin dhuinn trod  
bheannachdan gu lèir.

A Thighearna, tha sinn a' togail taing dhut airson an  
taisbeanaidh seo,  
airson do ghràidh dhuinn agus airson gach beannachd a  
tha sinn a' mealtainn.

**Amen.**